

Bitesize Gàidhlig Labhairt Ceòl

Earrann air a' chuspair "Tha ceòl cudromach" Pàirt 1.

Tidsear: Madainn mhath, a Mhàiri. Tha thu a' dol a thoirt seachad do bheachdan air a' chuspair 'Tha ceòl cudromach'. Siuthad ma-thà.

Màiri: Madainn mhath.

Tha mise a' smaoinichadh gu bheil ceòl cudromach. Bidh mi ag èisteachd ri ceòl cho tric 's as urrainn dhomh.

Nuair a dh'èireas mi sa mhadainn bidh mi a' cur air an cluicheadair mp3 agam. Tha docking station ri taobh mo leapa agus tha ceòl a' tighinn air aig a seachd a h-uile madainn airson mo dhùsgadh.

Nuair a bhios mi a' gabhail mo bhracaist bidh ceòl a' cluich air Radio 1. Chì sibh gu bheil ceòl den h-uile seòrsa a' còrdadh rium, cho fad 's a tha e ceòlmhor. Cha toigh leam ceòl a tha gleadhach.

Nuair a bhios mi air a' bhus dhan sgoil sa mhadainn cha bhi mi fhìn 's mo chàirdean a' bruidhinn - tha e ro thràth. Bidh sinn ag èisteachd ris na cluicheadairean mp3 againn. Is dòcha còmhlan Albannach no is dòcha còmhlan Èireannach...